

Eist ri Dòmhnall Alig Lachlainn agus a phiuthar Ciorstaidh a' bruidhinn mu dheidhinn na bha de thalamh aig daoine ga àiteachd nan òige. **Dur: 1.14**

Tha Ciorstaidh agus Dòmhnall Alig a' bruidhinn mun fharsaingeachd de fheannagan a bha daoine ag àiteachd nuair a bha iadsan òg, mòran dheth astar math bho na taighean, cuid eadar Greòsabhadh agus Scadabhadh. Bha cuimhne aig Dòmhnall Alig air daoine a' bruidhinn mu dheidhinn tùr a bha a sin, Tùr Ruairidh a bha aca air, agus bhruidhinn iad cuideachd mu dà uamha a bha air gach taobh de Loch Ghreòsabhaigh. Chan eil eòlas aig daoine air na h-àitichean sin an-diugh oir chaneil càil ga fhàs ann a nis agus mar sin chan eil daoine a' dol ann. Aig an àm ud ge-tà bha uallach air daoine biadh a chuir air dòigh dha na teaghlaichean iad fhèin no bhiodh iad às aonais. Tha Ciorstaidh a' cuimhneachadh, fhads a bha iad fhathast anns an t-seann taigh bha trì shlocan-bhunta aca air a lìonadh a dhèanadh dhaibh gus an tigeadh bàrr na h-ath bhliadhna. Se feamainn a bhiodh iad a' cuir air na feannagan agus bhiodh toradh math bhuaithe ach bha an dithis aca a' caoidh nach robh feamainn ri fhaicinn air a' chladach an-diugh (nuair a chaidh an còmhradh a chlàradh as na 1980s).

Audio of Donald Alex MacKay and his sister Chirsty talking in the early 1980s about the amount of land surrounding their village of Grosebay that was being cultivated in their youth. **Dur: 1.14**

Rachel and Donald Alex talk about the vast area of "feannagan" (ridges) that was being cultivated when they were children, much of it quite a distance away from the houses on the coast towards Scadabay. Donald Alex mentions an old tower, Roderick's tower, being in that area and they also talk about two caves being on either side of the loch. These places are now unknown to many as the area is no longer cultivated and therefore seldom visited by anyone. At that time families depended on food they produced themselves and Chirsty remembered that while still living in the old family thatched house they had three large potato-pits filled with enough potatoes to see them through till the next crop. They would fertilise the ridges with seaweed which gave them an excellent crop but she and her brother both make the observation that now, at the time of recording the conversation in the 1980s, there wasn't much seaweed to be seen on the shore.